

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Airson Sgaoileadh sa bhad

25/01/2016

Bòrd na Gàidhlig a' Toirt Taic do Chothroman air Dreuchdan ann an Teagasg na Gàidhlig

Tha an àireamh dhaoine a tha toirt teisteanas a-mach mar thidsear Gàidhlig air a dhol an àirde thairis air an dà bhliadhna a dh'fhalbh ri linn mar a tha na cothroman a th' ann, do dhaoine a tha airson dreuchd mar thidsear Gàidhlig a thoirt a-mach, a' sìor dhol an àirde.

Sa bhliadhna acadaimigeach seo, thòisich 35 tidsearan Gàidhlig ùra ann am foghlam na Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile, tha sin air a dhol suas bho 30 ann an 2014. Thathar an dùil gun tèid an àireamh seo suas a-rithist sa bhliadhna ri thighinn, le dùil ri 37.

Thuirte Brus Robasdan, Ceannard Eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig, agus e a' cur fàilte air an naidheachd: "Ma tha tuilleadh leudachaidh a' dol a thighinn air foghlam na Gàidhlig agus ma tha barrachd der n-òigridh a' dol a dh'fhaighinn cothrom air na buannachdan is an tionnsachadh prìseil a gheibh iad leis an fhoghlam sin, tha e deatamach gum bi luchd-teagaisg misneachail is uidheamaichte againn. Tha sin mar bhunait don t-sealladh a th' againn airson na Gàidhlig agus tha e fìor chudromach ma tha leudachadh a' dol a shìor thighinn air foghlam Gàidhlig air feadh Alba. Ann an com-pàirt le Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Comhairle Choitcheann Luchd-teagaisg na h-Alba agus Ionadan Foghlaim do Luchd-teagaisg tha am Bòrd a' toirt taic do dh'oidhirpean gus barrachd chùrsaichean a chruthachadh do dhaoine a tha airson teisteanas a thoirt a-mach mar thidsear Gàidhlig, no do dhaoine a tha teagasg ann am Beurla agus a tha airson gluasad gu bhith teagasg tron Ghàidhlig. Tha grunn dhiofar shlighean ann a-nis do dhaoine a tha airson teagasg ann an Gàidhlig, eadar cùrsaichean làn-thìde is pàirt-thìde, agus cùrsaichean stèidhichte aig ionad-foghlaim agus feadhainn air astar.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



“Tha seo riamh air a bhith na phrìomh amas aig Bòrd na Gàidhlig, agus gu dearbh, tha am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig airson 2012-2017 a’ dèanamh cinnteach gun tèid obair gu leòr a dhèanamh mu choinneamh a bhith a’ trusadh agus a’ gleidheadh thidsearan airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLI) agus gun tèid taic a thoirt dhaibh ann a bhith leasachadh nan sgilean aca. Tha e na adhbhar misneachd dha-rìribh a bhith faicinn feadhainn den chiad sgoilearan FtG a-nis iad fhèin a’ dol nan tidsearan Gàidhlig.”

A thuilleadh air a bhith cur air adhart agus a’ dèanamh sanasachd air na cothroman a th’ ann agus dreuchd a thoirt a-mach mar thidsear Gàidhlig agus air na cùrsaichean a th’ ann do dh’oileanaich, tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd a’ tabhann taic-airgid do dh’oileanaich a tha dèanamh nan cùrsaichean sin. Sa bhliadhna ionmhais 2015/16 fhuair 33 oileanaich taic-airgid luach £61,000 uile-gu-lèir. Tha sgeama nan Tabhartasan Foghlaim a’ tabhann taic luach suas ri £1,000 do dh’oileanaich, agus an ìre taice a gheibh iad an crochadh air dè an cùrsa a tha iad a’ dèanamh agus cò bhliadhna air a bheil iad, agus gheibh iad taic cuideachd gus pàigheadh airson cìsean a’ chùrsa ma tha sin a dhìth. Tha maoineachadh a bharrachd cuideachd ri fhaotainn do dhaoine a tha fàgail obair làn-thìde gus cùrsa teagaisg Gàidhlig a dhèanamh.

Fhuair Dùghlas Beck taic-airgid bhon Bhòrd an-uiridh gus cuideachadh le cosgaisean agus e a’ dèanamh Dioplòma For-cheuma Proifeiseanta ann an Foghlam (PGDE) airson na bun-sgoile le Colaiste Earra-Ghàidheal OGE. Thuirt Mgr Beck: “Nuair a dh’fhàg mi an t-oilthigh chaidh mi an sàs ann am pròiseact foghlaim aig Fèisean nan Gàidheal, a’ lìbhrigeadh dhealbhan-cluiche agus bhùthan-obrach dràma ann an sgoiltean air feadh Alba, is bha mi an sàs anns na pròiseactan seo fad còig bliadhna deug. Leis cho mòr ’s a bha obair nan sgoiltean a’ còrdadh rium, roghnaich mi mo dhìcheall a dhèanamh teisteanas-teagaisg foirmeil fhaighinn. Bha mi air mo dhòigh glan nuair a fhuair mi a-mach gun robh Colaiste Earra-Ghàidheal a’ ruith cùrsa PDGE aig ìre bun-sgoile, a’ ciallachadh gum b’ urrainn dhomh fuireach aig an taigh rè a’ chùrsa leis cho faisg ’s a tha an t-Òban air a’ Ghearasdan.

“Ged a dh’fheuch mi ri beagan airgid a chur gu aon taobh air thoiseach air a’ chùrsa, bha fhios agam gum biodh cùisean teann am-bliadhna, eadar am morgaids, pàiste òg agus cosgaisean-siubhail eadar Loch Abar is Earra-Ghàidheal. Tha an t-airgead a fhuair mi bho Bhòrd na Gàidhlig air a bhith air leth feumail, ag ìsleachadh nam fiachan math dh’fhaodte anns am bithinn aig deireadh a’ chùrsa.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thuir Ministear airson Cànanan na h-Alba, an Dr Alasdair Allan: “Tha e na adhbhar misneachd dhuinn a bhith faicinn àrdachadh san àireimh de dh’oileanaich a tha trèanadh airson a bhith nan tidsearan Gàidhlig, mar thoradh air an taghadh farsaing de chùrsaichean fo-cheuma is for-cheuma a th’ ann an Ciad Fhoghlam Luchd-teagaisg (ITE) Gàidhlig agus mar thoradh air a’ Chùrsa Bhogaidh Ghàidhlig do Luchd-teagaisg a chaidh a chur air chois.

“Bu mhath leam cuideachd meal-a-naidheachd a chur air an liuthad luchd-compàirt a tha ann an sàs ann a bhith cruthachadh is a’ tabhann chothroman do dhaoine a tha airson trèanadh a bhith nan tidsearan Gàidhlig. Tha an t-adhartas mòr a tha sinn air faicinn ann am foghlam na Gàidhlig ann an Alba a’ leantainn agus tha mi a’ coimhead air adhart ri tuilleadh leudachaidh is leasachaidh fhaicinn san ùine a tha air thoiseach oirnn, adhartas dom bi na diofar iomairtean a tha sinn a’ cur an sàs a’ toirt taic, nam measg, na cumhachan Gàidhlig ann am Bile an Fhoghlaim.”

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig steven@gaidhlig.org.uk no air 07595763071.

FIOSRACHADH DO LUCHD-DEASACHAIDH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu na diofar shlighean a th’ ann airson daoine a tha airson teagasg ann an Gàidhlig, tadhlaibh air an làrach-lìn Thig gam Theagasg, www.teagasg.com, aig Bòrd na Gàidhlig.

Chaidh an Cùrsa Bogaidh Gàidhlig do Luchd-teagaisg a chruthachadh le Oilthigh Srath Chluaidh is Oilthigh Dhùn Èideann. Seo an dàrna bliadhna den chùrsa, le 8 tidsearan air a’ chùrsa, agus tha an cùrsa a’ faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba agus Ùghdarrasan Ionadail. Tha tidsearan na bliadhna seo stèidhichte ann an Glaschu is Inbhir Nis. Chaidh an cùrsa a dhealbh airson tidsearan aig a bheil teisteanas teagaisg a-cheana agus aig a bheil comas cuibheasach math sa Ghàidhlig (mar a bhiodh aca nam biodh iad air teisteanas Àrd Ìre ann an Gàidhlig a thoirt a-mach no teisteanas den aon ìre) agus a tha airson teagasg ann am FtG, sa bhun-sgoil no san àrd-sgoil a’ teagasg cuspair fa leth tron Ghàidhlig. ’S e cùrsa làn-thìde, le obair chruaidh, a th’ ann a nì cinnteach gun tog na tidsearan gu luath na sgilean Gàidhlig is oideachaidh aig àrd-ìre a tha dhìth orra airson teagasg tron Ghàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Tha an cùrsa a' leantainn bliadhna na sgoile agus thathar an dùil gun till tidsearan, a gheibh taic bhon Ùghdarras Ionadail aca, gu sgìre an Ùghdarras Ionadail aca gus teagasg tron Ghàidhlig.

'S iad na ceithir oilthighean ann an Alba a tha tabhann chùrsaichean teagaisg Gàidhlig: Oilthigh Dhùn Èideann, Oilthigh Srath Chluaidh, Oilthigh Obar Dheathain agus Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE).

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For Immediate Release

25/01/2016

Bòrd na Gàidhlig Continues to Support Routes into Gaelic Teaching

Over the last two years the numbers of those qualifying as Gaelic teachers has increased due to the ever increasing opportunities available to those wishing to pursue Gaelic education as a career.

The current academic year saw 35 Gaelic teaching probationers entering the system at both primary and secondary levels, which is an increase on the 30 in 2014. It is also expected that the numbers will once again rise this coming year with a potential intake of 37.

Welcoming the news of growth, Bòrd na Gàidhlig Interim CEO, Bruce Roberston said: "The recruitment of a confident, well trained teacher workforce is fundamental to the expansion of Gaelic education and to the rich opportunities it can provide our young people. It is the key dimension of our vision for Gaelic and vital for continued educational expansion across Scotland. In partnership with the Scottish Government, Local Authorities, GTCS and Teacher Education Establishments, the Bòrd support initiatives to increase the range of courses available to those who wish to enter Gaelic teaching, or those who wish to transfer to teaching through the medium of Gaelic from mainstream education. There are a variety of routes now for aspiring Gaelic teachers from full time to part time, campus based to distance learning.

It has always been an important strategic priority of Bòrd na Gàidhlig, and indeed the National Gaelic Language Plan 2012-2017 ensures that adequate attention is given to the recruitment, retention, and support for the development of Gaelic-medium education (GME) and Gaelic-learner education (GLE) teachers. It is particularly encouraging to see some of the first Gaelic Medium pupils now choosing Gaelic teaching as their vocation "

As well as actively promoting and marketing the opportunities in Gaelic teaching and the courses available to students, Bòrd na Gàidhlig provides funding to students on those courses. In the financial year of 2015/16 33 students were awarded with funding of £61,000. The Education Grants scheme offers support of up to £1,000, dependent on the course being undertaken and the year of study, as well as supporting the cost of course fees if required.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



There is also top-up funding available to those leaving full-time employment to undertake a Gaelic teaching course.

Douglas Beck received funding from the Bòrd last year to help with costs while he completed the PDGE course in primary education through UHI Argyll College. Mr. Beck said: “When I left University I was actively involved in education through a project with Fèisean nan Gàidheal, delivering plays and drama workshops in schools across Scotland, which I did for 15 years. As I enjoyed working in schools so much I decided to pursue a qualification in teaching. I was delighted to find out that Argyll College offered a PDGE course at primary level which meant I could stay at home given how close Oban is to Fort William.

Although I tried to put aside money before the course began I knew money would be tight, between having a mortgage, a young child and the traveling costs between Lochaber and Argyll. The grant I received from Bòrd na Gàidhlig was extremely useful by reducing the potential debt I would have faced by the end of course.”

Minister for Scotland’s Languages Dr Alasdair Allan said: “It is encouraging that through the wide range of undergraduate and postgraduate Gaelic ITE courses available and through the introduction of the Gaelic Immersion for Teachers Course, we are now seeing growth in the numbers of students training to be Gaelic teachers.

I would also congratulate the many partners now involved in creating and offering opportunities to train new Gaelic teachers. Gaelic education continues to be a success story in Scotland and I look forward to seeing this continue in years to come, supported by the various steps we are taking, including the Gaelic Medium Education measures in the Education Bill.”

ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven Maclver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning 07595763071.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



NOTES TO EDITORS

For more information on the many different routes to teaching please visit Bòrd na Gàidhlig's Thig gam Theagasg website, www.teagasg.com.

The Gaelic Immersion for Teachers (GIft) Course was developed by the Universities of Strathclyde and Edinburgh. With support from Bòrd na Gàidhlig, The Scottish Government & Local Authorities, the course is currently in its 2nd year with 8 teachers enrolled. This year teachers are based in Glasgow and Inverness. It has been designed for qualified teachers who have intermediate Gaelic language competence (similar to Higher Gaelic or equivalent) and are committed to working in GME, either in the primary sector or as secondary subject specialists teaching through the medium of Gaelic. It is a full-time, intensive course to ensure rapid progress towards advanced competence in Gaelic and the development of the specialist pedagogical skills required for Gaelic medium education.

The course follows the school year and the teachers who are supported by their Local Authority are expected to return to teach through the medium of Gaelic.

The four Universities in Scotland which provide Gaelic teaching opportunities are Edinburgh University, Strathclyde University, Aberdeen University and the University of the Highlands and Islands (UHI).